

# ACi #1

AN GEARRAN 2023

PÀIPEAR BEAG A' CHÙRSA INNTRIGIDH



**DÈ DO  
NAIDHEACHD?**



AN CÙRSA  
INNTRIGIDH

# FÀILTE OIRBH UILE GU

'DÈ DO NAIDHEACHD? -  
PÀIPEAR BEAG  
'A' CHÙRSA INNTRIGIDH'



LE SÌLEAS NICLÈOID

Stiùiriche a' Chùrsa Inntrigidh, Sabhal Mòr Ostaig

'S e seo a' chiad iris no pàipear naidheachd le artaigilean a sgrìobh oileanaich a' Chùrsa Inntrigidh – oileanaich à Earrann 3 (am pàirt mu dheireadh den Chùrsa).

Cò às a thàinig am beachd seo? Uill, 's e beachd nan oileanach fhèin a bh' ann. Nuair a bhruidhinn sinn anns a' chlas mu dheidhinn leabhraichean, irisean is pàipearan naidheachd; mu na rudan as fheàrr leotha a bhith a' leughadh, thuirt na h-oileanaich gum bu toil leotha a bhith a' leughadh irisean anns a' Ghàidhlig cuideachd. Ach smaoinich iad nach robh sin cho furasta an-dràsta, ann am meadhan cùrsa cànanain, airson gu bheil mòran phàipearan/irisean Gàidhlig gu math duilich a thuigsinn, dha luchd-ionnsachaidh.

Mar sin, smaoinich sinn gum bi sinn fhìn ga dhèanamh – pàipear naidheachd beag anns a' Ghàidhlig, agus ann an Gàidhlig a bhios oileanaich a' chùrsa fhèin a' tuigsinn, co-dhiù faisg air deireadh Earrainn 3!

Tha mi cho toilichte gun d' fhuair mi artaigilean beaga gu leòr airson seo, le sgeulachdan inntinneach annta uile. Tapadh leibh airson sin – rinn sibh uile uabhasach math!

Agus seo sgeulachd bheag a-nis:





## CÈICEAN CUIMREACH — TRAIDISEAN ÙR!

Ann an aon de na clasaichean agam an-uiridh, thachair e gun do bhruidhinn sinn an-còmhnaidh mu dheidhinn cèic no bhriosgaidean no rudan coltach ri sin. Cha robh e gu diofar cò an cuspair a bh' againn aig toiseach a' chlas, thòisich cuideigin an-còmhnaidh a' bruidhinn air cèic. Bha sinn uile air ar dòigh le sin, ged-thà!

Nuair a thòisich làithean saora na Nollaige an uair sin, rinn na h-oileanaich às a' chlas sin rudeigin glè shnog: sgrìobh iad uile reasabaidhean sìos, anns a' Ghàidhlig, agus chuir iad na reasabaidhean sin còmhla, le dealbhan snoga cuideachd. Thug iad an leabhar PDF beag sin dhòmhsa! Abair gun robh mi air mo dhòigh glan! 'S e preusant a bh' ann a bha uabhasach snog. Thuir mi riutha gun robh mi a' dol a dhèanamh nan reasabaidhean uile aig an taigh, còmhla ri mo theaghlach. Agus rinn sinn sin!

'S e 'Cèicean Cuimreach' a bh' air tè de na reasabaidhean. 'Glè mhath', smaoinich mi fhìn is mo nighean, 'tha sinn a' dol a dhèanamh an reasabaidh sin an-dràsta fhèin!' agus thòisich sinn. Bha an reasabaidh beagan coltach ri sgonnaichean an toiseach, ach an uair sin, chunnaic sinn seo: Cuir dà unnsa de churranan ann. 'Curranan?' dh'fhaighnich mo nighean. 'Carrots ann an sgonnaichean?' Cha robh sinn cinnteach idir! 'Chan eil fios agam', thuir mi rithe, 'ach 's e sin a sgrìobh an t-oileanach an seo. Saoil an e traidisean Cuimreach a th' ann?' Uill, rinn sinn e dìreach

mar a dh'innis an reasabaidh dhuinn... Agus seo na 'Cèicean Cuimreach' a fhuair sinn:

Agus tha mi ag innse dhuibh gun robh iad uabhasach fhèin blasta!

ACH...

Thadhail caraidean oirnn air an latha sin, agus cò às a bha na caraidean sin? A bheil beachd agaibh? — Glè cheart, bha iad às a' Chuimrigh! Sheall sinn na cèicean beaga dhaibh is thuir mi riutha gur e cèicean traidiseanta a bh' anna, às a' Chuimrigh. 'Dè?' thuir iad. 'Chan fhaca sinn cèicean mar sin, agus cha do dh'ith sinn càil coltach ri sin anns a' Chuimrigh!' Obh obh! (Bha iad gan ithe uile, ged-thà, is smaoinich iad gun robh iad glè bhlasta.)

Bhruidhinn mi ris an oileanach a sgrìobh an reasabaidh an dèidh nan làithean saora, agus abair gun do rinn i gàire! Dh'ionnsaich mi nach b' e 'carrots' a bha i ag iarraidh san reasabaidh idir, ach 'currants'...

Co-dhiù, chan eil càil ceàrr air traidiseanan ùra! Bu toil le mo nighean a bhith a' bèicearachd nan Cèicean Cuimreach 'cearta' a-nis, ach tha mi cinnteach gum bi sinne a' dèanamh nan Cèicean Cuimreach Ùra a-rithist cuideachd!







## A' BHRUISEAL ART NOUVEAU

Is mise Catrìona.

Tha mi a' fuireach anns a' Bhruiseal, anns a' Bheilg. 'S e Beilgeach a th' annam.

'S toil leam a' bhith a' fuireach anns a' Bhruiseal. 'S e baile snog, trang agus eadar-nàiseanta a th' ann. Ach chan eil e cho mòr, no cho trang ri Paris.

Tha mòran seann thogalaichean anns a' Bhruiseal ach 's e togalaichean Art Nouveau as fheàrr leam. 'S toil leam an '*Hôtel Ciamberlani*'. Thog an t-aittire Paul Hankar e ann an 1897. 'S e togalach eisgeachdail a th' ann, le dà uinneag chruinn agus graffiti bòidheach. 'S e taigh-tasgaidh innealan-ciùil, MIM, as fheàrr leam. Tha mi a' smaoineachadh gur e sin an togalach as brèagha anns a' bhaile fhèin. 'S e bùth '*Old England*' a bh' ann. B' e Paul Sainteny an t-aittire.

Chaidh mi ann am-bliadhna agus choisich mi anns an taigh-tasgaidh. Chunnaic mi mòran innealan-ciùil. Tha mu ochd mìle inneal-ciùil aca.

An dèidh sin, chaidh mi dhan bhùth '*Laurent Gerbaud*' faisg air an taigh-tasgaidh. 'S e bùth theòclaid a th' innte. Dh'òl mi teòclaid theth agus dh'ith mi beagan '*pralines*'. 'S e '*praline*' an t-ainm a th' air teòclaid bheag anns a' Bheilg. B' e feasgar snog a bh' ann!


Ma bhios tu fhèin anns a' Bhruiseal, tadhail air togalaichean *Art Nouveau* le neach-iùil! An dèidh sin, ceannaich teòclaid agus ith i!



LE CATRIONA ORBAN







## SGEULACHD NAN COINEANACH

Bha mi ceàrr:

*Smaoinich mi gun robh mi ag ràdh gun robh mi a' coinneachadh ri cuideigin, ach bha mi a' bruidhinn mu choineanach...*

**Uill, seo sgeulachd le 'coinneachadh' agus 'coineanach':**

Nuair a bha mi a' coiseachd a-nall dhan cholaiste (Sabhal Mòr Ostaig), choinnich mi boireannach le seachd coineanaich, agus bha seachd coineanaich òga aig a h-uile coineanach. Smaoinich!: bha sinn an sin, mi fhìn agus am boireannach eile, agus coineanaich gu leòr mu ar casan! Bha sinn eadar Armadal agus an t-Àth-Leathann, ged-thà, cha robh sinn faisg air *St. Ives* idir! Seo a' cheist as intinniche: càite an robh a h-uile coineanach a' dol (agus carson)?

## AN SGEULACHD AGAM

Tha mi a' dol a dh'fhaighinn cù am-bliadhna. Tha mi air mo dhòigh agus tha mi air bhioran. Bha cù agam nuair a bha mi òg. 'S e Jackie an t-ainm a bh' oirre. 'S e Labrador a bh' innte agus bha i uabhasach brèagha. B' e caraidean a bh' annainn.

Chluich mi còmhla rithe anns an taigh agus anns a' ghàrradh. Aig an deireadh-sheachdain, choisich sinn anns na beanntan, faisg air far an robh mi a' fuireach, còmhla ri mo theaghlach. Bha e spòrsail.

Thog mi mòran dhealbhan de Jackie leis a' chamara agam. Sheall mi orra an t-seachdain sa chaidh. Dh'fhàs mi brònach. Tha mi ga h-ionndrainn fhathast.

Tha mi an dòchas gum bi mi toilichte a-rithist, nuair a bhios an cuilean ùr agam. Ma bhios an cuilean cho snog ri Jackie, bidh e sgoineil. Tha mi a' smaoinichadh gur e cù am peata as fheàrr anns an t-saoghal.





## SPEEDWAY

An toil leibh *Speedway*? A bheil sibh eòlach air *Speedway*? Dè th' ann? Uill, 's e rèis a th' ann, le baidhsagalan-motair. "Four riders, four laps, no brakes, no fear".

Tha e glè luath, gu math fuaimneach agus caran cunnartach cuideachd. Tha mi a' smaoinneachadh gur e spòrs sgoineil a th' ann a bhith ga choimhead. Bidh rèisean ann eadar an Giblean agus an Dàmhair gach bliadhna.

'S e na "*Glasgow Tigers*" an sgioba as fheàrr leam. 'S e sgioba glè mhath a th' ann. Tha na rèisean aca a h-uile oidhche Haoine aig *Ashfield Stadium* ann am *Possil Park* ann an Glaschu. Bidh mi a' dol gam faicinn còmhla ri mo nighean bheag agus mo chèile.

Ma tha sibh a-riamh ann an Glaschu aig deireadh na seachdaine, agus ma tha sibh ag iarraidh deagh oidhche a-muigh còmhla ris an teaghlach, feumaidh sibh tighinn a choimhead air na "*Tigers*".

LE GRAEME DONALD

## Leabhar an t-Solais

Chaidh mi a lorg  
leabhar an t-solais

tràth aon latha  
chunnaic mi na duilleagan

far an robh boinneagan uisge  
anns na craobhan beithe

gach aon  
saoghal beag na mo shùil

gach aon  
sgàthan airgid agus ròs

leugh mi iad a-rithist is a-rithist  
ach dhùin an leabhar aig dol fodha na grèine



## REASABAIDH:

## Cèic Nollaige Obar Dheathain

Dh'fhàg mo theaghlach Obar Dheathain mu cheud bliadhna air ais. Rinn mo sheann-phàrantan, agus an uair sin, m' athair an reasabaidh seo gach bliadhna. Rinn m' athair an reasabaidh seo airson 80 bliadhna, agus dh'ionnsaich e dha mo bhràthair agus dhomh fhìn a dhèanamh.

Rinn m' athair agus mise an reasabaidh còmhla airson an turais mu dheireadh, dà bhliadhna air ais. Às dèidh dha ar fàgail, lorg mi càirdean nach fhaca sinn ann an ùine fhada.

Dh'fhaighnich iad an robh reasabaidh theaghlach sam bith agam. Bha an aon reasabaidh airson cèic Nollaige againn agus rinn na teaghlachan againn an aon chèic airson ar bainnean cuideachd.

### Seo an reasabaidh fhèin:

Cuir còmhla (ann am pana, agus cuir an teas suas (> 100°C):

12 unnsa deataichean  
9 unnsa ruma  
cairteal unnsa sòda  
12 unnsa ìm

An uair sin, measgaich còmhla:

12 unnsa siùcar ruadh  
12 ugh  
cairteal unnsa salainn  
cairteal unnsa *cinnamon*  
2 unnsa *molasses*

Cuir còmhla:

18 unnsa de mhin-fhlùir  
36 unnsa de reusaidean  
36 unnsa de *currants*  
24 unnsa chnothan  
Beagan *vanilla*

Cuir a h-uile càil còmhla, rudan tioram agus fliuch. Cuir an taois sin ann am panaichean arain.

Cuir dhan àmhainn iad.

Bidh iad an sin aig 150°C an toiseach, fad uair a thìde, agus an uair sin aig 95°C, fad 1h eile.

Bidh a' chèic deiseil an uair sin!



## CÒMHLAN-PÌOBA ÀS A' CHÒRN

Is mise Mark. Tha mi às a' Chòrn agus tha mi a' fuireach anns a' Chòrn cuideachd.

Bidh mi a' cluiche na pioba mòire le còmhlan-pioba. 'S e *Kernow Pipes and Drums* an t-ainm a th' orra. 'S e deichnear phiobairean agus seachdnar dhrumairean a th' ann.

Bidh sinn a' cluiche gach seachdain ann an Truro anns a' cholaiste.

Am-bliadhna, chluich sinn aig mòran fhèisean, chàrnabhailean agus air làithean cudromach. Bha iad spòrsail agus bha mi a' smaoineachadh gum bu toil leis a h-uile duine an ceòl.

Tha sinn air *Facebook* ma tha sibh airson èisteachd rinn.

LE MARK DORRELL





## TAIGHEAN EILE

Nuair a bha a' chlann againn nas òige, agus nuair a bha iad a' fuireach còmhla rinn, cha robh saor-làithean na sgoile an-còmhnaidh glè fhurasta. Cha robh cus airgid againn agus bha sinn ag iarraidh saor-làithean saora! Ach ciamar? Nuair a bha sinn a' fuireach ann an Sasainn, bha sinn a' coimhead gu tric air seann taighean mòra an *National Trust*. Bha sin gu math inntinneach dhuinn fhìn, agus bha gàrraidhean mòra an-còmhnaidh ann far an robh a' chlann a' ruith gus an robh iad sgìth.

A-nis, tha a' chlann nas sine, agus chan eil iad a' fuireach còmhla rinn. Mar sin, bidh sinn a' coimhead air taighean mòra ainmeil a-rithist, ach cha bhi iad coltach ris na taighean a bha sin, taighean an *National Trust*. Tha mo bhean ag iarraidh coimhead air taighean-solais agus 's fheàrr leamsa a bhith a' coimhead air taighean-staile. Gu fortanach tha mòran de na 'taighean' seo ann an Alba!

Tha mo bhean ag ràdh rium gun do leugh i 's dòcha ceithir no còig de na leabhraichean a sgrìobh *Robert Louis Stevenson*. Chan eil i eòlach air an sgrìobhadair sin idir, ach tha i a' fàs eòlach air a theaghlach (athair, uncail, agus a sheanair) a thog faisg air a h-uile taigh-solais ann an Alba. 'S e obair chudromach ach cunnartach a bh' ann.

Tha sinn a' fuireach a-nis ann am Moireibh, faisg air an taigh-sholais *Covesea*. Tha an taigh-solais *Tarbet Ness* air taobh eile Linne Mhoireibh cuideachd, ach 's e *Muckle Flugga* an taigh-solais as fheàrr le mo bhean. Chunnaic sinn e an-uiridh ann an ceann a Tuath Shealtainn. 'S e latha fliuch sgòthach a bh' ann. Dhraibh sinn gu ceann an rathaid. Choisich sinn suas cnoc aig a' chladach. An uair sin, nuair a dh'fhalbh an ceò airson beagan mhionaidean, bha e ann: *Muckle Flugga*. Mìorbhaileach!

Tha Sealainn glè bhrèagha, gu dearbh, ach gu mì-fhortanach chan eil taighean-staile an sin – fhathast. Cheannaich mi botal uisge-beatha *Muckle Flugga* ann an *Lerwick*, ach bidh iad ga dhèanamh air tìr-mòr na h-Alba. Bidh iad a' cur na baraillean gu Sealainn airson bliadhna. (Chan eil mi an dùil gum bi na baraillean a' fuireach aig an taigh-sholais fhèin).

Tha tòrr uisge-beatha air leth an seo faisg air Spè, air a' Ghàidhealtachd, agus thall air na h-eileanan cuideachd. Agus dè an t-uisge-beatha as fheàrr leam? Chan eil fios agam fhathast. Cha robh mi a' tadhal ach air trì-fichead taigh-staile Albannach; ged-thà, bha mòran dìreach sgoinneil. Chan eil mi ag iarraidh nàbaidhean feargach, mura h-eil mi ag ràdh gur iadsan as fheàrr!

'S e liosta goirid a th' anns an reasabaidh airson uisge-beatha — uisge, beirm, agus eòrna — ach tha eachdraidh agus sgeulachdan sònraichte aig gach taigh-staile. Bidh taighean-staile ùra nas lugha ann a tha gu math traidiseanta, coltach ri Tòrabhaig anns an Eilean Sgitheanach, agus bidh seann taighean-staile eile ann a tha a-nis gu h-iongantach *futuristic*, coltach ri *The Macallan* ann am Moireibh. Mura h-eil fios agadsa dè an seòrsa uisge-beatha as toil leat, uill, òl beagan! Theirig gu tachartas aig taigh-staile far am bi iad a' toirt blasad seachad, no gu fèis uisge-beatha.

Co-dhiù, sin agaibh e! Nise, tè bheag no dhà?



Taigh-solais Tharbet Ness



Taigh-staile Thorabhaig





## Falbh a dh'Alba — An e deagh bheachd a th' ann dhutsa?

LE SUE 'SIÙSAIDH' HUTSON

### An toil leat an t-uisge?

'S toil: Theirig gu àireamh 1.

Cha toil: Theirig gu àireamh 5.

### 1 A bheil fios agad dè tha thu a' dol a dhèanamh ann an Alba?

Tha: Theirig gu àireamh 6.

Chan eil: Theirig gu àireamh 2.

### 2 An toil leat a bhith ann am baile mòr?

'S toil: Theirig gu àireamh 3.

Cha toil: Theirig gu àireamh 4.

### 3 Mas toil leat taighean-tasgaidh, theirig gu litir C.

Ach, mas toil leat deoch no dhà, theirig gu litir B.

### 4 Mas toil leat a bhith a' snàmh, theirig gu litir A.

Ach, mura h-eil thu airson a bhith a' snàmh, theirig gu litir D.

### 5 STAD. Fuirich far a bheil thu! Na bi a' dol a dh'Alba.

### 6 STAD. Chan eil seo gad chuideachadh, tha fios agad mar-thà!

### A Theirig a dh'Inbhir Nis, far a bheil Loch Nis àlainn.

Cuir ort do dheise-fhliuch agus bidh thu a' snàmh còmhla ri Niseag anns an loch. Cuimhnich: thoir leat flasg de theòclaid theth agus cèic. Is toil le Niseag cèic.

### B Theirig thusa a Ghlaschu far a bheil taighean-seinnse math.

Theirig gu *Park Bar* agus gabh tè bheag no tè mhòr còmhla ris na Gaidheil.

### C Theirig gu taigh-tasgaidh Khelvingrove agus gabh fois!

Seas agus coimhead air an dealbh le Dali – 's e "Crìosd Naoimh Eòin na Croise" an t-ainm a th' air – agus èist ris an òrgan a' cluiche san trannsa an sin.

### D Thoir leat do bhrògan 's do sheacaid mhath, dhìonach agus falbh dhan Ghearasdan.

Tha na beanntan faisg air a' Ghearasdan àrd, ach 's e Beinn Nibheis a' bheinn as àirde. Sreap suas gu mullach Beinn Nibheis, tha e furasta!



## SEO MO SGEUL:

Tha cuimhne agam air aon mhadainn glè mhath an-uiridh. Chunnaic mi gun robh an t-uisge ciùin air an lochan. An uair sin, fhuair mi am *paddleboard* agam. Nuair a ràinig mi an tràigh, bha i cho brèagha. Bha an t-uisge glè chiùin, agus chunnaic mi na sgòthan air an uisge. Tha mi a' smaoinichadh gun robh e coltach ri nèamh air an latha sin. Chùm mi mi fhìn tioram agus blàth, gu dearbh.

Air Latha na Bliadhna Ùire, thug mi am *paddleboard* agam dhan Loch a-rithist, dìreach airson spòrs. Às dèidh dhomh a bhith a' gabhail turas, choinnich mi ri caraaid airson snàmh an sin (*Loony Dook* ann an Albais!). Bha a h-uile duine eile toilichte a bhith a' coimhead bhon tràigh!

O uill, tha mi an dòchas gum bi bliadhna mhath agaibh uile!





Gu dearbh! Bidh mi an-còmhnaidh a' bruidhinn na Gàidhlig ris a' chù. 'S dòcha gu bheil mi cho craicte ris na h-eòin?

Rugadh Ìle, "*Miniature Schnauzer*" dubh, nuair a thòisich mi ag ionnsachadh na Gàidhlig air-loidhne, aig Sabhal Mòr Ostaig. Cha robh duine a' bruidhinn rium aig an taigh. Dh'ionnsaich mi a' Ghàidhlig dhan chù, ma-thà, agus bhruidhinn mi rithe anns a' Ghàidhlig.

Tha Ìle glè thoilichte nuair a bhios mi a' bruidhinn rithe. Agus tha mi a' smaoinichadh gu bheil mi a' fàs nas fheàrr air a' Ghàidhlig airson gu bheil mi a' bruidhinn rithe.

Tha Ìle dà bhliadhna a-nis agus tha i ag ionnsachadh "*dog agility*" cuideachd. Tha ceithir coin eile anns a' chlas sin. Tha an clas an-còmhnaidh spòrsail. Tha ar luchd-trèanaidh ag ràdh gu bheil Ìle a' freagairt nas fheàrr anns a' Ghàidhlig na anns a' Bheurla! Cha bhi mi a' bruidhinn ann am Beurla, nuair a bhios sinn a' dol dhan chiad fharpais aice an-ath-mhìos. Ach tha mi cinnteach nach bi sinn a' dol a *Chrufts*, gu bràth!

## A bheil sibh a' bruidhinn na Gàidhlig ris a' chù?

LE SIM GIBBS



Ìle air an fhraoch le ball



Beir air frisbee!



Ìle a' cluiche le ball



Deasachadh: Sileas NicLeòid & Murchadh M. MacLeòid  
(Tapadh leat airson a bhith gar cuideachadh le seo, a Mhurchaidh!)